


beatha
le
buaidh

GETTING



ROASTED

150 SWING SONGS
OTAGE
jamie Oliver




**beatha le
buaidh**



beatha le buaidh

RE
LU
Y
S
L
O
U
C
A
A
E



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Rune Hellestad/Corbis.

Na dealbhan le Corbis agus Getty Images.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-30-2



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Ailig O' Henley.

JAMIE OLIVER

Jamie Oliver

Tha Jamie Oliver air fear dhe na còcairean as ainmeile ann am Breatainn. Thàinig e guaire an t-sluaigh le sreath de phrògraman telebhisein mu dheidhinn còcaireachd. Tha an stoidhle aige - a tha sìmplidh a thaobh biadh agus dòigh-labhairt - a' cordadh ri daoine dhe gach aois. Ann an 2005 bha ainnm gu mòr anns na meadhanan. Rinn e càineadh làidir air a' bhiadh a bha clann a' faighinn anns na sgoiltean. Tha cuid ag ràdh gur e sin a thug air an Riaghaltas £280 millean not a bharrachd a thoirt seachad airson biadh sgoiltean.

JAMIE OLIVER



© Russell Boyce/Reuters/CORBIS


JAMIE OLIVER

Còcaireachd san fhuil

Bha còcaireachd anns an fhuil aig Jamie Oliver. Nuair a bha e na bhalach bha a phàrantan a' ruith taigh-seinnse ann an Exeter. Aig aois ochd bliadhna thòisich Jamie air na còcairean a chuideachadh anns a' chidsin. Thòisich e le bhith a' rùsgadh buntàta agus a' gearradh glasraich. Bha iad a' cleachdadadh tòrr de bhiadh ùr, rud a bheireadh buaidh air Jamie a-rithist.

Às dèidh dha an sgoil fhàgail rinn Jamie inntinn suas gun robh e airson a bhith na chòcaire. Chaidh e gu Colaiste Còcaireachd Westminster ann an Lunnainn. Is ann aig an àm seo a choinnich e ri Juliette. B' e seo an leannan aige ach tha sinn nas eòlaiche oirre an-diugh mar Jools. Tha iad a-nise pòsta agus tha dithis chloinne aca, Poppy agus Daisy.

JAMIE OLIVER



© Rune Hellestad/CORBIS SIGMA



JAMIE OLIVER

An còcaire òg

Nuair a bha e deiseil sa cholaiste, chaith Jamie don Fhraing greis. Shiubhail e mu chuairt na dùthcha ag ionnsachadh barrachd mu bhiadh agus dòighean còcaireachd. Às dèidh greis bha e deiseil airson obair ann an taigh-bìdh mar chòcaire. Thìll e gu Lunnainn agus fhuair e obair còmhla ri fear dhe na còcairean as fheàrr sa bhaile. Chaith e a dh'obair còmhla ri Antonio Carluccio, an còcaire ainmeil Eadailteach.

Às dèidh greis an sin għluais e chun an River Café. Bha dà chòcaire ainmeil eile an sin, Rose Gray agus Ruth Rodgers. A-rithist bha blas Eadailteach air a' chòcaireachd acasan. Bha iad a' cleachdadħ tòrr luibhean còmhla ri biadh sìmplidh, blasta. Bha an obair a' còrdadh ri Jamie gu mòr, ach cha robh dad a dhùil aige ris an ath rud a thachair dha.



JAMIE OLIVER

Thàinig riochdaire telebhisein a dhèanamh prògram mun taigh-bìdh. Bhruidhinn iad ri Jamie mar phàirt dhen phrògram agus bha e cho math 's gun deach prògram a thairgsinn dha fhèin. Bha cùisean ag atharrachadh agus cha bhiodh a bheatha an aon rud tuilleadh.

JAMIE

OLIVER



© 2004 Michel Porro/GETTY IMAGES

Can anyone tell me

Cliù is fortan

Be an *Naked Chef* an t-ainm a bha air a' chiad sreath telebhisein aige. Bha a sheanmhair gu math draghail nuair a chual' i seo. Bha dùil aice gun robh Jamie gu bhith rùisgte air an telebhisean! Ach chan e sin a bha tiotal a' phrògram a' ciallachadh idir. Is e a bha fa-near do Jamie ach gum biodh am biadh cho nàdarra agus cho sìmplidh sa ghabhadh.

Anns na prògraman bha Jamie a' còcaireachd 's a' cumail phàrtaidhean airson nan caraidean aige. Chitheadh tu e a' siubhal timcheall Lunnainn air an scooter bheag aige. A thuilleadh air biadh math, bha an sreath ainmeil cuideachd airson na faclan a bha Jamie a' cleachdad. Faclan mar 'Pukka' agus 'Wicked'. Chòrd na prògraman ri daoine nach robh a' coimhead phrògraman

còcaireachd roimhe seo. Thàinig leabhar fon an aon ainm a-mach cuideachd agus reic sin an t-uabhas.

Cha robh fada gus an tàinig sreath ùr a-mach, *Return of the Naked Chef*. A-rithist bha mòran dhaoine ga choimhead. Chan ann a-mhàin ann am Breatainn ach thall thairis cuideachd. Bha iarrtas mòr air Jamie a-nise na sgilean aige a thoirt air feadh an t-saoghal. Ann an 2001 chaighd iarraidh air còcaireachd airson a' Phriomhaire Tonaidh Blair. Bha Mgr Blair a' cumail coinneamh mhòr le Priomhaire na h-Eadailte aig Sràid Downing. Rinn Jamie an dìnnear dhaibh agus tha e coltach gun do dh'iarr Mgr Blair 'doggy bag' airson a thoirt dhachaigh.

JAMIE OLIVER

A' cur rudeigin air ais

Ann an 2001 thòisich Jamie air pròiseact ùr. Thug e cothrom trèanaidh do 15 neach òg obair còcaire ionnsachadh. Bha an fheadhainn òga bho dhachaighean bochda. Cha robh duine aca riamh faisg air cidsin ann an taigh-bìdh. Ach thug Jamie cothrom dhaibh san taigh-bìdh aige fhèin, *Fifteen*, ann an Lunnainn. Chaidh sreath telebhisein a dhèanamh mun phròiseact cuideachd. Tha a' chuid as mothà dhen fheadhainn òga sin nan còcairean proifeiseanta a-nise.

Tha Jamie am beachd an aon rud a dhèanamh ann am bailtean eile leithid Sidnidh agus New York. Tha e cuideachd an lùib na buidhne carthannais *Cheeky Chops*. Tha a' bhuidheann seo a' toirt trèanadh do dhaoine òga bho theaghlaichean bochda.

14

15

JAMIE OLIVER

Le taic Jamie agus còcairean eile tha iad a' faighinn cothrom obair còcaire ionnsachadh. Ann an 2003 fhuair e urram MBE bhon Bhàrnigh.



© 2004 Michel Porro/
GETTY IMAGES

JAMIE OLIVER

Droch bhiadh sgoile

Ann an 2005 bha Jamie air ais sna naidheachdan. Bha sreach ùr telebhisein aige air Seanal 4 leis an ainm, *Jamie's School Dinners*. Dh'fheumadh Jamie biadh a dhèanamh do 500 sgoilear le direach 37 sgillinn gach sgoilear. Bha e follaiseach nach gabhadh biadh blasta a dhèanamh le suim cho beag. Gu dearbh, bha pàrantan air a bhith a' gearan mu dheidhinn seo fad bhliadhnaichean ach a-nise, bha Jamie Oliver, caraid Tonaidh Blair a' gearan cuideachd.

Cha robh fada gus an tainig atharrachadh air an t-suidheachadh. Dh'innis an riaghaltas gun robh iad a' dol a chur £280 millean not a bharrachd ri biadh sgoile.

JAMIE OLIVER



JAMIE OLIVER

Cha do dh'aidich iad gur e Jamie Oliver a bha air cùl seo, ach tha mòran dhen bheachd gur e na prògraman aige a thug air an riaghaltas an inntinn atharrachadh.

Chan eil Jamie ach 30 bliadhna a dh'aois, gu math òg airson còcaire. Tha planaichean aige airson pròiseactan còcaireachd eile, an dà chuid ann am Breatainn agus thall-thairis. Tha pròiseactan ùra telebhisein san amharc aige cuideachd, Tha e a' dèanamh shanasan airson companaидh bhùithtean mòra Sainsbury's. A rèir choltais bidh sinn a' cluinntinn tuilleadh bho Jamie Oliver airson bliadhnaichean mòra fhathast.

JAMIE OLIVER



© Peter Dench/CORBIS

Can e Jamie Oliver

19

18

